

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd

Press Release



Please scroll down for English Version

02/05/2017

Tha a' Choimhearsnachd aig Teis-meadhan Leasachadh na Gàidhlig

Chuir buidheann-obrach a stèidhich Bòrd na Gàidhlig agus MG ALBA, Comataidh Comhairleachaidh Cànan, fàilte aig coinneimh o chionn ghoirid air grunn aithisgean-adhartais a fhuair iad bho LEACAG, pròiseact com-pàirteach, sa bheil diofar oilthighean an sàs, a tha ag amas air goireasan air-loidhne ùra a chruthachadh airson na Gàidhlig. 'S e a tha fa-near do na goireasan sin Gàidhlig dhùthchasach is nàdarra a bhrosnachadh am measg dhaoine a tha an sàs ann an diofar raointean, leithid foghlaim, nam meadhanan agus foillseachaidhean foirmeil. Chuala a' chomataidh mun ath ìre de phròiseact gràmair far am bi LEACAG a' gabhail comhairle bho choimhearsnachdan air na dòighean gnàthach sam bi Gàidheil a' bruidhinn is a' sgrìobhadh Gàidhlig.

Chaidh a' chomataidh a chur air chois an-uiridh agus 's i Jo NicDhòmhnaill, a bhuineas do Nis ann an Leòdhas bho thùs, an Cathraiche. Cuideachd air a' chomataidh tha Ailean Caimbeul (An t-Eilean Sgitheanach), Catriona Chaimbeul (Uibhist a Deas), Iain MacDhòmhnaill (Griomasaidh), Donnchadh MacGuairne (Muile), Ruairidh MacIlleathain (A' Chomraich), Dòmhnall Moireasdan (Leòdhas), agus Catriona Mhoireach (Na Hearadh). Chaidh na buill uile a mholadh air sàillibh an eòlais a th' aca air a' chànan, dualchas na Gàidhlig agus iomadh raon eile co-cheangailte ris a' Ghàidhlig.

Thuir Jo NicDhòmhnaill: "Tha e follaiseach gu bheil obair mhath ga dhèanamh feuch am bi cor na Gàidhlig a' sìor dhol am feabhas. Chaidh rannsachadh a dhèanamh ann an 2014, a chomharraich uireasbhaidhean. Sheall e dhuinn cuideachd dè na dòighean anns an robh muinntir na Gàidhlig ag iarraidh dèiligeadh ris na h-uireasbhaidhean sin. Tha a' chomataidh ann gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' cur farsaingeachd de sgilean is bheachdan gu feum sa phròiseact seo, agus gus dèanamh cinnteach gum bi na goireasan a thig às freagarrach airson nam feumannan a chaidh a chomharrachadh. Aig a' cheann thall tha sinn airson 's gum bi misneachd aig daoine Gàidhlig a chleachdadh nar linn fhìn agus san ùine ri teachd."

Mar phàirt den chiad ìre den phròiseact seo, thathar ag amas air stiùireadh gràmair a chruthachadh agus thèid dòighean-obrach soilleir a stèidheachadh gus briathrachas ùr aontachadh agus a sgaoileadh.

Tha muinntir na Gàidhlig den bheachd gum bu chòir prìomhachas a thoirt don dà leasachadh sin, a rèir rannsachadh a chaidh a dhèanamh do Bhòrd na Gàidhlig a-cheana. Sheall an rannsachadh gu soilleir gun robh daoine bho dhiofar choimhearsnachdan a' miannachadh gum biodh daoine aig an robh Gàidhlig mar chiad chànan aig teis-meadhan na h-obrach gus an cànan a thoirt air adhart.

Thuir an Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd aig Bòrd na Gàidhlig, Daibhidh Boag: “Tha a’ Ghàidhlig a’ sìor atharrachadh is a’ sìor dhol air adhart, agus i mar phàirt cudromach de dh’Alba san latha an-diugh. San rannsachadh seo dh’iarr sinn air muinntir na Gàidhlig innse dhuinn dè bha a dhìth orra aig an àm seo agus, rud a bha fìor chudromach, dè na goireasan a bu chòir dhuinn a chruthachadh gus frithealadh air feuman luchd-labhairt na Gàidhlig, aig gach aois agus aig gach ìre fileantachd.”

Thuir Iseabail Nic an t-Sagairt, an Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd aig MG ALBA: “Tha sinn toilichte a bhith a’ toirt cuideachadh pragtaigeach do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig le gràmar agus le briathrachas ùr. Tha an obair seo an dà chuid pragtaigeach agus feumail, agus cuideachd, gu cudromach, tha sàr-eòlaichean a’ chànain agus eòlaichean acadaimigeach a’ toirt ùghdarras don obair seo.”

DEIREADH

Community at the Centre of Gaelic Language Development

At a recent meeting, the Language Advisory Committee (*Comataidh Comhairleachaidh Cànanain*), a working group established by Bòrd na Gàidhlig and MG ALBA, welcomed a number of progress reports from LEACAG, an inter-university project developing new online resources for the Gaelic language. These resources are aimed at promoting the use of natural, idiomatic Gaelic, in such fields as education, media and formal publications. The committee heard about the next stage of a grammar project which will see LEACAG taking advice from communities on usage by traditional Gaelic speakers.

The committee, chaired by Jo MacDonald, originally from Ness in Lewis, was set up last year. Other members include Allan Campbell (Skye), Catriona Campbell (South Uist), Ian MacDonald (Grimsay), Duncan MacQuarrie (Mull), Ruairidh Maclean (Applecross), Donald Morrison (Lewis) and Catriona Murray (Harris). Members of the group were all nominated on the basis of their traditional knowledge and breadth of experience.

Jo MacDonald said, "It is clear that there is good work being done to ensure that Gaelic can continue to grow. Research carried out in 2014 identified gaps and highlighted how the community wished to proceed in addressing these. The committee exists to ensure that a range of skills and viewpoints are included as part of the project, whilst ensuring that the resources produced satisfy the identified needs and ultimately enhance the confident use of Gaelic now, and in the future."

The initial stages of the development include a grammar reference and also the creation of a clear mechanism for assessing and disseminating new terminology.

Both developments have been identified as priorities by the Gaelic community in research carried out for Bòrd na Gàidhlig. The research clearly highlighted the desire from different communities that first-language Gaelic speakers be an integral part of the language development agenda.

Bòrd na Gàidhlig's Director of Language Planning and Community Developments, David Boag, said, "The Gaelic language continues to develop rapidly, reflecting its place in a modern Scotland. Through this research we asked the Gaelic community to identify their current needs and, crucially, how we should proceed in developing new resources that reflect the needs of Gaelic speakers across the generations and at different levels of fluency."

Iseabail Mactaggart, MG ALBA's Director of Strategy and Partnership said: "We're delighted to be contributing to practical help for Gaelic users, in grammar and in new terminology. This work is both practical and useful, and, importantly, it also has the authority of traditional speakers and academia."

ENDS